



Ceistean

Thoir sùil air paragraf 1.

1. Carson nach robh Iseabail agus Murchadh air a bhith air cùrsa-mara roimhe seo?

Bha cùrsaichean-mara ro dhaor dhaibh.

2. “Gu tur seach an rathaid”

Nad fhaclan fhèin, inns na tha thu a’ tuigsinn bhon abairt seo.

Nach robh an turas mara seo buileach ro dhaor agus gun rachadh aca air pàigheadh air a shon.

3. “Bha iad an ceann an cosnaidh”

Nad fhaclan fhèin, inns na tha thu a’ tuigsinn bhon abairt seo.

Bha a’ chlann aca air fàs suas agus bha iad a-nis ag obair agus a’ cosnadh airgead dhaibh fhèin. Cha robh e an urra ri am pàrantan airgead a chumail riutha tuilleadh.

Thoir sùil air paragraf 3.

“cùbhraidh”

4. Nad fhaclan fhèin, thoir seachad mìneachadh air an fhacal seo.

brèagha / àlainn / milis.

Thoir sùil air paragraf 7.**5. “Bha iad a’ faireachdainn gun robh thìde aca an casan a gharadh ris an teine”****Nad fhaclan fhèin, mìnich na tha thu a’ tuigsinn bhon abairt seo.**

Bha iad den bheachd gun robh iad le chèile air a bhith ag obair cruaidh fad am beatha agus a-nis, agus iad air an dreuchd a leigeil dhiubh, gun robh iad airidh air beagan fois a ghabhail. Bha iad an dùil fuireach aig an taigh agus gabhail air an socair.

Thoir sùil air paragraf 10.**6. Ciamar a tha fios againn gun robh an deichnear air bòrd a’ faighinn air adhart glè mhath còmhla?**

Bha iad a’ còmhradh agus a’ faighneachd cheistean do chàch a chèile. Shuidh iad còmhla aig a’ bhòrd airson còrr is dà uair a thìde.

Thoir sùil air paragraf 14.**7. “B’ e duine crosta a bh’ anns a’ phost”**

Nad fhaclan fhèin, mìnich carson a tha an sgrìobhadair den bheachd gur e duine crosta a bh’ anns a’ phost.

Nuair a bhiodh e a’ dol mun cuairt leis na litrichean, bhiodh e a’ leughadh nan rudan a bhiodh daoine a’ sgrìobhadh gu chèile air cairtean-puist. Dh’inns am post dhaibh sgeulachdan èibhinn agus maslach a bha e air a leughadh tro obair mar phost.

Thoir sùil air paragraf 16.**8. “Bha Bart ag iarraidh gum biodh daoine ga mheas cudromach”****Ciamar a tha an sgrìobhadair a’ toirt fa-near dhuinn gun robh Bart ag iarraidh gum biodh daoine ga mheas cudromach?**

Tha e air innse dhuinn gun do chleachd Bart a bhith ag obair os cionn an riaghaltais a’ dèiligeadh ris na rudan a bha iad a’ cur an gnìomh. Bha eòlas aige air a’ Phrìomh Mhinistear agus air buill a’ Chaibineit. Bha fios aige mun obair a bha iad a’ dèanamh agus an càirdeas a bha eatarra uile. Bha an obair a bh’ aig Bart a’ toirt air a h-uile duine a

chreidsinn gur e obair chumhachdach agus chudromach a bh' aige. Cuideachd, tha e air innse dhuinn gum biodh aodach foirmeil air Bart gach latha fhad 's a bha iad air bòrd a' bhàta.

Thoir sùil air paragraf 20.

9. “Bha eagal oirre mu chur-na-mara”

Nad fhaclan fhèin, mìnich na tha an abairt seo a' ciallachadh.

Gun toireadh gluasad na mara oirre faireachdainn bochd.

10. Nad fhaclan fhèin, inns dè an rud neònach a thachair nuair a chaidh iad air tìr air Eilean Chòcaigh.

Chaidh an deichnear aca air chall. Cha do thill iad air bòrd a' bhàta idir agus ged a dh'fhuirich am bàta riutha, cha do nochd iad. Chan fhaca agus cha chuala duine sìon bhuapa bhon uair sin, agus mar sin, chan eil fhios aig duine dè dh'èirich dhaibh.